

## **Fiosrachadh do Luchd-obrach air Làimhseachadh a' Chunnairt an cois COVID-19 sa Cholaiste againn**

Tha Sabhal Mòr Ostaig a' cur roimhe a bhith ag obair gu dlùth le luchd-obrach airson cunnart is sgaoileadh COVID-19 air an àrainn againn a chasg. Tha sinn taingeil dhan sgioba air fad, airson cumail ris an stiùireadh a sgaoil sinn gu ruige seo agus airson taic a thoirt dhuinn airson coimhearsnachd na Colaiste againn a dhìon. Is e ar prìomhachas gun dèan sinn cinnteach gu bheil an làrach againn cho sàbhailte 's a ghabhas don luchd-obrach, oileanaich is luchd-mhàil, a-rèir an stiùiridh nàiseanta as ùire.

### **Na prìomh nithean a nì thu airson an cunnart a lùghdachadh**

Tha sinn air **stiùireadh** sìmplidh **SMO COVID-19** a dhealbhadh ris an lean luchd-obrach airson an cunnart ro COVID-19 do neach sam bith air an àrainn a lùghdachadh. Feumar cumail ris an stiùireadh seo airson leigeil le gach neach cumail orra le am foghlam agus com-pàirteachadh gu h-iomlan ann am beatha nan oileanach aig SMO. Feuch gun lean thu seo gu faiceallach. Thèid an stiùireadh sin ath-sgrùdadh is ùrachadh gu cunbhalach agus mar thoradh air fios bho luchd-obrach (agus oileanaich), atharrachadh den t-suidheachadh ag agus comhairle is stiùireadh nàiseanta, roinneil no le OGE.

### **Modh-obrach COVID-19 Shabhal Mòr Ostaig**

Tha Sabhal Mòr Ostaig air Measaidhean Cunnairt agus modhan a chur an gnìomh airson casg a chur air sgaoileadh COVID-19. Ach dh'fhaodadh gum bi suidheachaidhean ann fhathast far am bi luchd-obrach, oileanaich no luchd-màil tinn agus comharran COVID19 orra. Tha am **Modh-obrach Covid** seo a' toirt fiosrachadh mionaideach seachad air mar a làimhsicheas a' Cholaiste suidheachadh mar sin. Feuch gun cuir thu eòlas air an sgrìobhainn seo. Bidh am modh-obrach seo air ath-sgrùdadh agus air ùrachadh gach mìos - no mar fhreagairt air atharrachadh san t-suidheachadh agus comhairle is stiùireadh nàiseanta, roinne no le OGE.

### **Ag obair cuide ri chèile airson COVID-19 a làimhseachadh**

Tha sinn air **Buidheann Stiùiridh Covid** Shabhal Mòr Ostaig a stèidheachadh gus an cùm sinn ri stiùireadh Riaghaltas na h-Alba, agus airson sgrùdadh is aithris a dhèanamh air èifeachdas ceumannan dìon COVID-19 a th' air an cur an sàs taobh a-staigh na Colaiste. Bidh a' bhuidheann seo, anns a bheil àrd-mhanaidsearan, luchd-obrach taic is seirbheisean oileanaich, a bharrachd air riochdaire oileanaich, a' coinneachadh a h-uile seachdain (Diardaoin).

Tha sinn air **seòladh puist-d sònraichte** a stèidheachadh airson conaltradh mu COVID-19 a libhrigeadh: [covid@smo.uhi.ac.uk](mailto:covid@smo.uhi.ac.uk). Faodar an seòladh puist-d seo a chleachdadh airson comharran aithris, airson aithris a dhèanamh air neo-ghèilleadh agus airson molaidhean a chur thugainn air na b' urrainn dhuinn a thoirt am feabhas. Thèid an conaltradh gu lèir a làimhseachadh gu cùramach agus gu dìomhair mar a bhios iomchaidh.

### **Stiùireadh is conaltradh ri linn chùisean dearbhte**

Thathar a' mìneachadh cùis sgaoilidh ionadail mar dà chùis cheangailte no barrachd (air an dearbhadh no fo amharas) air an àrainn - an dàrna cuid oileanaich no luchd-obrach. Ma thachras cùis no sgaoileadh de COVID-19 air an àrainn, bidh Buidheann Stiùiridh Covid SMO a' co-òrdanachadh

nan ceumannan riatanach ann an deagh àm a-rèir Modh-obrach Sgaoileadh Covid (ceangailte). Ma tha cùisean anns a' choimhearsnachd, nì sinn cinnteach gun tèid tar-chur a lùghdachadh agus gu bheil daoine air an àrainn gan dìon is sinn ag iarraidh air luchd-obrach a dhol dhachaigh agus oileanaich chòmhnaidh fuireach air an àrainn gus am bi an glasadh seachad. Cumaidh sinn ri stiùireadh Slàinte Phoblach na h-Alba fad an t-siubhail.

Ma nochdas sgaoileadh dearbhte den choròna-bhìoras air an àrainn, bheir a' Cholaiste taic is fiosrachadh buntainneach seachad a-rèir ro-innleachd an Riaghaltais Deuchainn is Dìon / *Test and Protect*. Bhiodh againn ris an fhiosrachadh conaltraidh agad a thoirt dhaibh. Feuch gun dèan thu cinnteach gu bheil an àireamh fòn-làimhe as ùire dhut aig [Mairead Fowler](#). Nì sinn cinnteach cuideachd gun cum sinn conaltradh èifeachdach COVID-19 ri oileanaich, luchd-obrach, luchd-màil agus a' choimhearsnachd.

Mar phàirt den ro-innleachd Deuchainn is Dìon/Test and Protect, bidh do mhanaidsear a' clàradh cò bhios air an làrach gach seachdain. Tha e riatanach gun cum thu am fiosrachadh seo riutha.

## Tuilleadh Fiosrachaidh

Tha pìosan-conaltraidh ceangailte ri COVID-19 rin leughadh aig <http://www.smo.uhi.ac.uk/gd/colaiste/corona-virus/>

Tha Buidheann Stiùiridh Covid na Colaiste a' cur fàilte air molaidhean aig àm sam bith.

**Buidheann Stiùiridh Covid** [covid@smo.uhi.ac.uk](mailto:covid@smo.uhi.ac.uk)

Seirbheisean Taic Oileanach: 01471 888 300

Seirbheisean Luchd-obrach: 01471 888 301

### Seirbheisean Slàinte

Ospadal na Rathaig Mòire 01463 704 000

NHS Inform 0800 028 2816.